CARAID-COBHAIR - FREAGAIRTEAN

A charaid-chobhair chòir,

Bidh iad an còmhnaidh a' tarraing asam san sgoil oir tha mi ro throm agus tha fios agam gu bheil. Bidh iad a' gabhail 'bumalair', 'an tè mhòr' agus 'a' mhuc-mhara' orm. Tha seo ga mo chur troimh-chèile.

Dè is urrainn dhomh a dhèanamh?

Sìne

A

Deagh fhreagairt. Ma tha Anna a' gabhail ris gu bheil i ro throm agus ma tha eòlaiche slàinte air aontachadh leatha, tha i air an rathad cheart gus rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn. Tha dà phrìomh adhbhar ann airson a bhith ro throm: a bhith ag ithe biadh a tha ro reamhar agus anns a bheil cus siùcair agus gun a bhith a' dèanamh eacarsaich gu leòr. Tha thusa ag innse seo dhi. Tha thu cuideachd a' tabhann gun cuir thu fiosrachadh thuice airson a cuideachadh. Tha thu cuideachd a' toirt comhairle dhi air dòighean gus dèiligeadh ris na rudan a bhios iad ag ràdh! Is e fior charaid-chobhair a bhios annadsa. An do smaoinich thu air iarraidh oirre a' bhurraidheachd innse don tidseir aice?

Fhuair thu 2 chomharra.

B

Tha e math gu leòr a bhith a' seasamh an-aghaidh burraidheachd – ach chan ann le bhith a' goirteachadh dhaoine eile. Ma tha Sìne troimh-chèile seach gu bheil iad a' gabhail ainmeannan grota oirre, bidh an fheadhainn air am bi i fhèin a' gabhail ainmeannan grota troimh-chèile cuideachd, agus feargach. Is dòcha gun can daoine gu bheil i fhèin na burraidh – agus is dòcha gum bi i ann an trioblaid.

Cha d'fhuair thu comharra.

C

Tha thu gun teagamh a' toirt deagh chomhairle do Shìne gus feuchainn ris a' bhurraidheachd a stad. Bu chòir gun deidheadh aig an tidseir air cuideachadh. Ach chan eil thu a' toirt comhairle dhi mun rud a tha dha-rìreabh a' cur dragh oirre – a cuideam.

Fhuair thu 1 chomharra.

CARAID-COBHAIR - FREAGAIRTEAN

A charaid-chobhair chòir,

Nuair a bhios an caraid as fheàrr agam a' tighinn chun an taighe agam, bidh e a' cath chlachan air a' chat an ath dhoras. Cha toil leamsa sin ach tha e ag ràdh nach bi e na charaid dhomh tuilleadh mura dèan mise cuideachd e.

Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh? 'S e an caraid as fheàrr a th' agam?

Iain

A

Chan e freagairt math a tha seo idir. Chan eil e math **uair sam bith** a bhith borb ri beathaichean agus bidh eagal a bheatha air a' chat ged nach deidheadh a bhualadh.

Cha d'fhuair thu comharra.

B

Freagairt fior mhath. Chan eil e uair sam bith ceart a bhith borb ri beathaichean agus faodaidh daoine a tha borb ri beathaichean a bhith borb ri daoine cuideachd. Tha thu ceart seasamh aige oir feumaidh e sgur dheth – chan e rud spòrsail a th' ann.

Fhuair thu 2 chomharra.

C

Tha e math gu bheil fios agad gum feum an cat a bhith air a dhìon, ach cha bu chòir gum feumadh tu seo a dhèanamh. Bu chòir dhan a' charaid agad tuigsinn nach eil seo ceart agus gu bheil e ga do chur troimh-chèile.

Fhuair thu 1 chomharra.

CARAID-COBHAIR - FREAGAIRTEAN

A charaid-chobhair chòir,

Bho chionn fhada thug mo charaid dhomh crios leathair agus thuirt i gum faodainn a chumail. Is fìor thoil leam e agus bidh e orm an còmhnaidh.

A-nise tha i ga iarraidh air ais.

Laura

A

Mura robh an crios air a thoirt do Laura mar, can, tiodhlac co-là-breith agus tha e follaiseach nach robh, bu chòir do Laura a thilleadh. Mura dèan i seo, is dòcha gun can cuideigin gun do rinn Laura meàirle. Bidh argamaid ann gun teagamh. An fhiach dhuibh a bhith ag argamaid mu chrios?

Cha d'fhuair thu comharra.

B

Freagairt fìor mhath. Tha fios agad nach ann dha-rìreabh le Laura a tha an crios agus gum biodh e ceàrr a chumail. Mar sin, tha e ceart a thilleadh. Tha a' chomhairle agad airson dèanamh soilleir don a' charaid gur e gnothach earbsa a tha seo fìor mhath agus tapaidh. Tha e a' dèanamh soilleir gu bheil thu toilichte a bhith nur caraidean fhathast agus tha e a' toirt cothrom don a' charaid agad dèanamh cinnteach nach bi cion-tuigse mar seo ann tuilleadh.

Fhuair thu 2 chomharra.

C

Tha e math gu bheil Laura a' toirt a' chrios air ais chun an duine leis a bheil e. Ach is dòcha gu bheil a' chomhairle agad a' leigeil le pròis agus beagan feirg a dhol san rathad air càirdeas. Is dòcha nach eil an caraid a' tuigsinn cho feargach agus leòinte 's a tha Laura a' faireachdainn agus leis a' chomhairle seo, is dòcha gu bheil thu a' dùnadh an dorais air dòigh thoilichte air adhart.

Fhuair thu 1 chomharra.

CARAID-COBHAIR - FREAGAIRTEAN

A charaid-chobhair chòir,

Ghluais balach à Obar Dheathain don chlas agam agus thòisich mise a' tarraing às an dòigh san robh e a' bruidhinn. Thòisich e a' rànaich agus a-nise tha mo charaidean air fad a' tarraing às. Cha robh mi airson gun tachradh seo agus a-nis tha mi a' faireachdainn glè dhuilich air a shon.

Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh?

Ruairidh

A

Ma ghabhas Ruairidh a' chomhairle seo bidh am balach fhathast a' fulang burraidheachd agus chan eil sin ceart. Tha e gòrach a bhith ag ràdh gun caill e an dual-chainnt aige gu luath – agus carson a dh'fheumas e sin a dhèanamh co-dhiù? Cuideachd, le bhith a' gabhail ris gun do rinn thu mearachd agus le bhith ag iarraidh a chur ceart, tha thu a' seall-tainn gu bheil thu làidir agus nach eil thu lag.

Cha d'fhuair thu comharra.

B

Tha e math gu bheil thu a' moladh gun tèid stad a chur air a' bhurraidheachd agus gum bu chòir do Ruairidh rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn. Ach cha bu chòir dha a dhèanamh gun fhios nach bi e ann an trioblaid – bu chòir dha a dhèanamh seach gur e sin an rud ceart ri dhèanamh. Agus dhiochuimhnich thu gum bu chòir dha a ràdh ris a' bhalach gu bheil e duilich.

Fhuair thu 1 chomharra.

C

Comhairle fìor mhath. Is e deagh bheachd a th' ann a bhith ag ràdh gu bheil e duilich gu prìobhaideach oir bheir seo cothrom don a' bhalach bruidhinn ri Ruairidh airson greis, ma tha e ag iarraidh. Agus is e deagh bheachd a th' ann a bhith a' cluiche còmhla ris gu poblach. Bidh e a' faireachdainn gu bheil caraid aige agus gu bheil a' chlann eile a' gabhail ris.

Fhuair thu 2 chomharra.